

## **ORAN AN TOMBACA**

*[Murdo MacArthur, Newfoundland]*

### ***Seist***

Fal fal fal de re ro  
Fal fal fal de ra  
Fal e re o fal de re ro  
Fal de re ro re ro ra

'S binne leam na gogail coillich  
Moch a ghoireadh anns an tom  
Torghan de bhotul ri gloinne  
Agus duine thogas fonn

Gur e mo ghaol an tombaca  
'S mòr an tlachd a ghabhainn dhiot  
'S tric a chur mi unnad tasdan  
Cha do chreach thu duine riamh

'S iomadh buaidh a th'air an ruma  
Bheir e air duine bhith luath  
Bidh fear a dannsa le casan  
Bidh fear san leabaidh na shuain

H-uile fear nach bi rud aige  
Gur math leis gun tighinn gam choir  
Nuair chi e mise ga chagnadh  
Cuiridh car tairsinn na shròin

'S iomadh mìle chuir mi riamh dhiom  
Cumail na fiachail air dòigh  
Ach chan fhaighinn iad ro dheiseal  
Dar nach biodh esan nan corr

Fàsaidh mi mar loman chosach  
Fàsaidh mi nam chrogan ruaidh  
Fàgaidh modh mi agus maise  
Cailidh mi claisneachd mo chluais

Falbhaidh mi sin dha na bùithtean  
Far am bi mo rùin air làimh  
Gu faighinn cairteal o Phenny  
Ged nach biodh teachd am an corr.